

**Bòrd MG ALBA**  
**(Coinneamh neo-àbhaisteach)**

Oifisean MG ALBA, Steòrnabhagh  
Diardaoin 26 Faoilleach 2017, 0930-1230

Dreachd geàrr-chunntas

**Bòrd:**            Magaidh Choineagan (sa Chathair)      Jo NicDhòmhnail  
                      Donaidh MacAmhlaidh                      Dùghall MacAmhlaigh  
                      Daibhidh Brew                                      Màiri Kidd  
                      Catriona Nic a' Phì  
                      Iain Stephen Moireasdan (air fòn airson a' chiad phàirt den choinneamh)

**Luchd-obrach:** Dòmhnall Caimbeul (Àrd-Oifigear)  
                      Niall M. Greumach (Stiùiriche Ionmhais)  
                      Chris Dòmhnallach (Stiùiriche Obrachaidh)  
                      Màiri Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

**An làthair:**      Mairead Màiri Mhoireach (Ceannard Seirbheis) airson puingeon 4, 5, 7, 8, 9

**Gnothaichean gnàthach**

Ghabh Jo NicDhòmhnail a' Chathair airson a' chiad uair a thìde den choinneamh ri linn dàil air plèana a' Chathraiche. Ghabh Iain Stephen Moireasdan pàirt air fòn ach ri linn duilgheadasan teicnigeach dh'fhàg e ro dheireadh na coinneimh.

Thug Manaidsear Dreach na Seanail seachad taisbeanadh air prògraman na Nollaig agus chaidh taing a thoirt dhith. Chùm buill còmhradh agus ged a bha diofar bheachdan air diofar phrògraman bha aonta ann gu robh clàr na Nollaig uabhasach làidir san fharsaingeachd.

**1      Leisgeulan**

Calum MacFhearghais; Iseabail Nic an t-Sagairt.

## **2 Gnothach Dearbhte**

Cha robh gin.

## **3 Plana Obrachaidh 2017-18**

Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail. Chaidh aontachadh gun deigheadh atharrachaidhean a dhèanamh sa chiad earrainn den phlana agus a sgaoileadh air buill airson aonta. (Gnìomh: DC)

Thig an dreach dheireannach den Phlana gu Ofcom le dùil gun tèid aontachadh ro dheireadh a' Mhàirt.

## **4 Conaltradh 2017-18: ro-innleachd agus goireasan**

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air feumalachdan conaltraidh na buidhne gach cuid in-thaigh agus bhon taobh a-muigh agus chaidh deasbad a chumail. Dh'iarr buill soilleireachadh sa phàipear bho thaobh feumalachdan an luchd-amhairc. Thèid ath-sgrìobhadh a dhèanamh air a' phàipear agus thèid a chuirteachadh air buill. (Gnìomh: DC)

Le cùmhnant na buidhne a tha an-dràsta a' solarachadh taic conaltraidh bhon taobh a-muigh a' tighinn gu crìoch aig deireadh a' Mhàirt, chaidh a chomharrachadh gu robh feum air co-dhùnadh a ruiginn ann an ùine ghoirid.

## **5 Maoin a' BhBC: Plana-gnìomh agus Plana PR**

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air ro-innleachd conaltraidh co-cheangailte ris an iomairt gus gealltanais fhaighinn bhon BhBC dùblachadh a dhèanamh air maoineachadh BBC ALBA bhon Chairt Rìoghail ùr gus a dhèanamh comasach 3 uairean a thide de nuadh-phrògraman a chuir gu ruige BBC ALBA agus chaidh deasbad a chumail. Thug an Ceannard Seirbheis seachad mìneachadh air an adhartas a tha a' tachairt taobh a-staigh a' BhBC gus an tuilleadh airgid fhaighinn airson BBC ALBA. Tha MG ALBA air còmhraidhean coiteachaidh math a chumail le Sgioba Àrd-stiùiridh BBC Scotland le rùn adhartachaidh.

Tha Àrd-stiùiriche a' BhBC air beulaibh Comataidh Pàrlamaid na h-Alba (Culture, Tourism, Europe and External Relations Committee) air 23/2/17 far am bi dùil ri fiosrachadh air dè an t-seilbheach a thig bhon BhBC airson BBC ALBA.

Chaidh aontachadh gu leanadh an iomairt coiteachaidh, le cuideam dha chuir air daoine bhon taobh a-muigh, eadar seo agus 23/2/17. Chaidh aontachadh fiosrachadh a chumail ris a' bhòrd gach seachdain.

Bha pàipear fa chomhair nam ball a' mìneachadh diofar shuidheachaidhean a dh' fhaodadh èirigh a-rèir co-dhùnaidhean a ruigeadh am BBC a thaobh maoinachadh BBC ALBA. Chaidh deasbad a chumail, agus dh'iarr am Bord air an Àrd-Oifigear fios a chumail le buill gach seachdain, no nas trice a rèir feum, air adhartas air a' cheist seo. Chumadh am Bord làn dheasbad air a' chùis aig an ath choinneamh air 23/2/17 nuair a bha dùil gum biodh am BBC air an inntinn a dhèanamh soilleir.

## **6 Fios air cùmhnantan ùra**

### **a) Spòrs**

Bha pàipear air beulaibh bhall le fiosrachadh air na ceumannan a bha a' gabhail àite gus cùmhnant pasgan spòrs fhoillseachadh. Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachta leis a' chlàr-ama, le sùil gun deigheadh co-dhùnaidhean fhoillseachadh air 31/3/17.

### **b) Pasgain**

Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh a' phròiseas mu choinneamh tagraidhean cùmhnantan pasgain 2017-2020. Chaidh còmhradh a chumail agus bha buill riarachta leis a' chlàr-ama, le sùil gun tigeadh molaidhean chun bhùird air 23/2/17.

## **7 Aonta airson prògraman (cùmhnantan airson aonta a' Bhùird seachad air £100k san uair)**

Bha moladh mu choinneimh a' Bhùird, fo riaghailt C.5.2 de Riaghailtean Ionmhasail MG ALBA, a' sireadh aonta a' Bhùird airson pàirt a ghabhail a-rithist ann an sgeama EBU (European Broadcasting Union's Children's Drama Exchange) ann an 2017. Chaidh aontachadh gun deidheadh gluasad air adhart le 1 x 15 (0.25 uairean) le cosgais iomlan de £ [GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta] airson MG ALBA (le £[GLÈIDHTE: fiosrachadh coimearsalta] a' tighinn bho gach dùthaich eile).

## **8 Aithisgean air leth**

Bha pàipear air beulaibh bhall - a bha mu thràth air aonta Chomataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh fhaighinn air 11/1/17 - a' sireadh aonta a' bhùird suas gu £10k a bharrachd a chuir gu buidseat trèanaidh luchd-obrach agus bhall. Ri linn atharraichidhean ann an luchd-obrach

agus teicneolas ùr, tha feum air an tuilleadh airgid a chuir gu ruige am buidseat trèanaidh. Chaidh seo aontachadh.

## 9 **Aonta Laghail**

Bha paipear air beulaibh bhall le mìneachadh air an Aonta Laghail eadar MG ALBA agus a' BhBC a chaidh a shoidhnigeadh ann an 2007. Ri linn Cairt ùr a' BhBC agus na geallaidhean a tha am BBC a-nis a' dèanamh do MG ALBA anns an Aonta Frèam-obrach (Framework Agreement), chaidh aontachadh gu robh e iomchaidh obair a thòiseachadh air tionndadh ùr den Aonta. Thig seo fa chomhair a' Bhùird air 23/2/17. (Gnìomh: DC)

**Deit na h-ath choinneimh: 23/2/17, Glaschu**

*Ainm sgrìobhte a' Chathraiche:*

*Deit:*